

Duilleag Fiosrachaidh 5

CAMARA-BODHAIG

Dè a th' ann an Camara-bodhaig?

'S e Camara-bodhaig (BWV) uidheam as urrainnear cur ort agus fuaim is bhideo a chlàradh. Tha uidheaman BWV ri fhaighinn ann an diofar dhreachan fiosaigeach is teicnigeach, ach aig a' cheann thall, tha na h-aon bun-fhoincseanan orra le chèile. Thathar ga chosg thairis air a' bhroilleach no air muin clogaid ann am bitheantas.



Deuchainn BWV ann an Roinn an Ear-thuath

Ged a tha BWV nas aithnichte ann an obair-phoileis, thathar ga chleachdadh ann an spòrsan is dibhearsan cuideachd, obair-smàlaidh is mion-reic agus tha e air a sìor-chur gu feum ann an suidheachadh càrach-shlàinte.

Adhbhar

Tha rùn aig a' Phlana Poileis Ro-innleachdail obair-phoileis ullachadh airson Alba a dhèanamh sàbhailte, dionta is seasmhach. Le seo, feumar seirbheisean a dhealbhadh 's a ghlèidheadh gus tighinn suas ri iarrtasan a tha a' sìor èirigh 's ag atharrachadh ann an àrainneachd chaochlaideach. Gus tighinn suas ris na h-iarrtasan seo an-dràsta agus san àm ri teachd, feumaidh seirbheis poileas na h-Alba dèanamh suas agus gabhail ri dòighean obrachaidd, poileasaidhean is teicneòlasan ùra a bheir comas dhaibh sàbhailteachd is deagh-chor ar coimhearsnachdan a dhòn (mar a rinneadh iomradh ann am Prionnsabalan Obair-phoileis - Earrann 32 de dh'Achd Ath-Leasachadh a' Phoileis is Luchd-smàlaidh (Alba) 2012).

Chaidh an sreath seo de dhuilleagan fiosrachaidh, a tha ag amas air a bhith furasta a chleachdadhe leis a' phoball, a dheasachadh gus sealltainn air na buannachdan aig dòighean-obrach ùra a' phoileis agus aig leasachaidhean a tha ri thiginn, na poileasaidhean a bhios gan riaghlaidh, agus dè tha seo a' ciallachadh a thaobh chòraichean eiticeil, priobhaideachd is daonna.

Carson a chleachdar Camara-bodhaig (BWV) ann an obair-phoileis?

Tha Seirbheisean a' Phoileis a' cur feum air fianais bhideo bho chionn nan deicheadan de bhliadhnaichean, tro CCTV ionadail, siostaman carbad poileis agus uidheaman-làimhe a thathar ag iomairt aig àm gnìomhachaidh shònraichte. Ann am Breatainn, thòisich am poileas air BWV a chleachdad le deuchainnean beag-sgèile gan dèanamh air siostam bhideo air muin cinn ann am Plymouth (Constablachd Devon 's na Còirne) an 2006. Chaidh aithneachadh gun robh an siostam a' leasachadh mathas na fianais a bh' air a toirt le

oifigearan poileis aig tachartasan. An-diugh, tha uidheaman BWV gan cur an gnìomh le gach feachd poileais san Rìoghachd Aonaichte.

Tha BWC a' dèanamh clàradh video is fuaim de thachartas. Le suidheachadh a' chamara, tha e a' craoladh an tachartais bho sheasamh-beachd an oifigeir don fheadhainn a bhios a' coimhead. Tha an camara, mar gum b' eadh, mar neach-fianais neo-eisimeileach a' sealltainn dè a bhiodh oifigear poileis air faicinn, cluinntinn, ràdh no dèanamh.

Carson a chleachdar Camara-bodhaig (BWV) ann an obair-phoileis armaichte?

Tha grunn bhuannachdan cudromach an lùib BWV do dh'oifigearan poileis armaichte, ri linn 's gur e obair speisealta agus uaireannan èiginneach

do bheatha a bhios iad ris. Tha BWV a' meudachadh follaiseachd obair-poileis agus 's urrainnear craoladh sam bith ath-shealltainn, sgrùdadh agus cur a-steach mar fhianais, rud a nì oifigearan, agus eucoirich, nas cunntachaile.

'S e tairbhe mhòr eile aig BWV gun urrainnear fianais de chàileachd nas fheàrr a thoirt seachad. Bho shean, bhiodh oifigear poileis a' sgrìobhadh clàr den tachartas, le tuairisgeul den chainnt is cuinnseachan a thugadh seachad, cho luath 's a ghabhas an dèidh don tachartas èirigh. Le BWV, tha an tachartas air a chlàradh ann am fior-àm agus cho mionaideach 's a ghabhas, gun ach raon-seallaidh is fuaim an uidheim na bhacadh.

Tha an fhianais, mar sin, cus nas cuimsiche is mionaideche na bha comasach roimhe - faodar teagamhan mu na chaidh dèanamh no ràdh le duine sam bith a bha an làthair a lùghdachadh. 'S iomadh buannachd a dh'fhaodas a bhith aig uidheaman BWV, mar a tha air a shònráchadh sa chlàr-dàta air an duilleag a leanas.

Chaidh craoladh BWV a chleachdad mar an ceudna airson gearainean an aghaidh oifigearan poileis le muinntir na dùthcha a rèiteachadh. Tha seo a' lùghdachadh tide a chosgar air rannsachadh agus a' tabhann clàradh ceart den t-suidheachadh. Tha teisteanas ann cuideachd gu bheil beus is modh-giùlain a' phobaill agus oifigearan nas fheàrr nuair a tha BWV ga chleachdad.

Cur-an-gnìomh is cleachdad an teicneòlais le Poileas Alba

ClassificationMarking

Tha BWV ga chleachdadhe an-dràsta gu ìre bheag le Poileas Alba, mar as trice ann an ceann an ear-thuath na dùthcha. Tha Oifigearan Poileis agus Constabalan Speisealta à Roinn an Ear-thuath air BWV a chleachdadhe bhon Ògmhios 2010. Thòisich seo mar dheuchainn pìolait airson cleachdadhe BWV ann an sgìre ainmichte fo dhìleab Grampian Police.



Oifigear Poileas Alba a' giùlan BWV

Nochd an deuchainn gun robh BWV a' tabhann bhuannachd cudromach dar gniomhan ann an cruinneachadh fianais, fianais nas fheàrr le luchd-casaid a' chrùin agus ga chleachdadhe mu choinneamh gearain an aghaidh a' Phoileis. Mar thoradh, dh'èirich meud cleachdaidh uidheaman BWV air feadh na roinne. An-diugh, gheibhear beagan is 250 uidheam BWV an roinn an Ear-thuath.

Tha Poileas Alba an-dràsta a' leudachadh cleachdadhe BWV do dh'oifigearan poileis armaichte ro cho-labhairt COP26 a thèid a cumail ann an Glaschu san t-Samhain 2021. Tha cunnart mòr an lùib obair-phoileis armaichte; cuidichidh sgrùdadh is leudachadh BWV le follaiseachd is cunntachalachd a leasachadh.

Buannachdan BWV ann an obair-phoileis armaichte

- Follaiseachd nas mothà ann an obair-phoileis, gu h-àraidh nuair thèid oifigearan armaichte a chur gu tachartas
- Gheibhear fianais luachmhor a chuidicheas oifigearan poileis ann a bhith a' rannsachadh eucoir
- Culaidh-taic do dh'fhlulangaichean le bhith a' glacadh fianais, a' toirt sealladh clàraichte air suidheachaidhean, a' docamaideadh leòtan agus a' sealltann an àmhaghair a dh'fhairicheas fulangaichean eucoir,
- Chaidh fianais shàr-mhath a thoirt do Oifis a' Chrùin agus Seirbheis an Luchd-casaid mar chùl-taic do rannsachaidhean is dìtidhean
- A' cumail taic ri rannsachaidhean le Poileas Alba agus Coimiseanair Rannsachaidh is Ath-sgrùdaidh a' Phoileis (PIRC) a thaobh rannsachaidhean co-cheangailte ri freagairt a' phoileis ri gnothach àraidh.

Cha tèid cleachdadhe BWV an àite innleachdan traidsante a' phoileis agus leanaidh Oifigearan orra a' cruinneachadh 's a' clàradh fianais le meadhanan gnàthach, mar a tha a bhith a' gabhail aithrisean bho bhuill a' phobaill no luchd-fianais do thachartas.

Tha cleachdadhe BWV a-rèir gach tachartais; mura bheil iad nam páirt de

iomairt shònraichte, cha bhi oifigearan a' clàradh mar phàirt de chuaireachadh àbhaisteach nan sràidean.

Cuiridh oifigearan gu dol an camarathan aig toiseach tachartais no còmhaghail, agus leanaidh iad orra mar as àbhaist a' clàradh gus nach bi e 'cothromach no deatamach' tuilleadh. Far a bheil e pragtaigeach, curidh oifigear daoine air earail gu bheil iad a' cleachdadh uidheam BWV gus clàradh.

Dè na barantasan sàbhailteachd a tha suidhichte?

Aidichidh Poileas Alba agus Ùghdarris Poileas na h-Alba (SPA) gu bheil draghan prìobhaideachd, dàta is treas-phàrtaidh aithnichte ann, a dh'aindeoin nam fianaisean làidir a thaobh buannachdan BWV. Feumar teicneòlasan ùra, tòiseachail leithid BWV a chothromachadh ri luachan a' phoileis a thaobh ionracais, ceartais, spèis agus càraichean daonna.

Tha Poileas Alba rùnaichte obair-phoileis a dhèanamh le aonta agus cha chleachd sinn BWV ach air adhbhar poileis dligheach, far a bheilear ga mheas deatamach is iomchaidh sin a dhèanamh. Cha chleachdar BWV ann an gnìomhan-faire os-ìosal agus cha chuirear uidheaman am falach a dheòin nuair a bhithear gan cleachdadh.

Airson draghan prìobhaideachd is trèsas-phàrtaidh a dh'fhaodadh bhith ann a thuigsinn 's a mhaothachadh, bha Poileas Alba air Measadh Buaidh air Co-ionannachdan is Còraichean daonna (EqHRIA) agus Measadh Buaidh air Dòn Fiosrachaидh (DPIA) a

choileanadh. Tha measaidhean buaidh air an ath-sgrùdadadh 's ùrachadh gach bliadhna airson atharraichean ann an reachdas, poileasaidh is teicneòlas a thoirt fa-near.

A chòrr air seo, bheirear trèanadh stannardaichte do dh'oifigearan-poileis armaichte air cleachdadh BWV agus lìbhrigear riaghait-chleachdaidh dhaibh le modhan-obrach stannardach co-cheangailte (SOPan) a' mìneachadh ciamar a bu chòir BWV a chleachdadh sna dleastanasan aca.

An dèidh gach cur-an-gníomh, tha craoladh fianaiseach air a losgadh ri diosc agus air a thasgadh mar bhathar dèanta. Tha craoladh nach eilear a' comharrachadh airson cleachdadh fianaiseach air a dhùbhadh às gu h-automataigeach an dèidh greis shuidhichte, ùine a tha an-dràsta suidhichte aig 31 latha. Tha rùn aig Poileas Alba agus SPA sùil a chumail air na buannachdan a gheibhear à BWV agus a bhith ag aithriseadh tro structaran riaghlaidh làithreach airson follaiseachd is cunntachalachd a chinnteachadh.

Barantas do shìobhaltaich


Dh'iarr sgrùdadadh air-loidhne, a dh'fhosgail airson trì seachdainean bho 1 Gearran 2021, beachdan air a' phoball mu chur-an-gníomh BWV ann an obair-phoileis Albannach airson an ama ri teachd. Rinn mòran daoine feum dhen sgrùdadadh seo, le 8,835 luchd-freagairt. Nochd toraidhean an sgrùdaidh taic làidir airson cleachdadh BWV ann an obair-phoileis, oir thuit 72% gum fairicheadh iad mòran no beagan nas sàbhailte nan cleachdadh

ClassificationMarking


oifigearan BWV, agus 90% a thuirt gum bu chòir BWV a chleachdadh gu tric no anns gach suidheachadh.

Thug na beachdan seo taic don cho-dhùnadh le Poileas Alba agus SPA leudachadh BWV a chur gu dol.

Nan dèanadh oifigear-poileis airson camara-bodhaig a chur air aig àm conaltraidh riut, am fairicheadh tu nas sàbhailte no nas neo-shàbhailte?



Dè cho tric a bhiodh e iomchaidh don phoileas, nam bitheadh idir, conaltraidhean a chlàradh le camara-bodhaig?



Sùil air adhart

Ri tìde agus fo umhail do ionmhas a bhith ga chur an tairgse, tha dùil aig Poileas Alba BWV a leudachadh a-mach do gach oifigear poileas is luchd-obrach nan sràidean cho luath 's a leigeas maoineachadh leinn. Le 17,000 oifigear, 's e oidhirp mhòr a bhios ann agus feumaidh e planadh agus tasgadh suim airgid chudromach. Thèid conaltradh gu farsaing leis a' phoball mar phàirt dhen leudachadh seo, a dhèanamh cinnteach gu bheil uibhir de dhaoine 's a tha comasach a' toirt seachad am beachdan agus airson cinnteachadh gu bheil daoine mothachail air ciamar a chleachdar BWV ann an obair-phoileis san sgìre aca.

Ged tha pailteas bhuanachdan an lùib BWV ann an obair-phoileis, thathar ag aithneachadh gum faodadh cuid a dhaoine a bhith draghail mu chleachdadh teicneòlas dhen t-seòrsa seo. Beachdaichidh an SPA gu cùramach air leudachadh BWV thairis air Poileas Alba agus iarrar beachdan air a' phoball is priomh-eòlaichean.

Tuilleadh leughaidh

Staid Poileas Alba an latha an-diugh agus rudan rin toirt fa-near co-cheangailte ri leudachadh chamarathan-bodhaigle Poileas Alba san àm ri teachd.

Rannsachadh air cleachdad chamarathan-bodhaigle Institiuid Eucoir-eòlas, Oilthigh Cambridge.

A' cumail cluas ri claisneachd

Gus cumail suas ri ar n-obair, cùm sùil
air làrach-lìn Ùghdarris Poileas na h-
Alba far an urrainn dhut pàipearan
fhaighinn agus coimhead air
deasbadan comataidh air an sruthadh
beò, agus lean rinn air Twitter:

@ScotPolAuth @policescotland

Ceann-là foillseachaidh: 21 Dàmhair
2021